

Ordo Missæ:

'AN

LAIDINN 'S 'AN GÀIDHLIG.

AGUS ÙRNAIGHEAN EILE.



PERMISSU

SUPERIORUM.

Dunéideann:

CLÒBHUILTE LE LORIMER 'US GILLIES.


1877.

-Lib. 2

National Library of Scotland



B000114171



Ordo Missæ:

'AN


LAIDINN 'S 'AN GÀIDHLIG.

AGUS ÙRNAIGHEAN EILE.



PERMISSU

SUPERIORUM.



Dùneideann:

CLOÙBHUAILE LE LORIMER 'US GILLIES.

1877.

Urnaighean romh 'n Aifrinn.

A N ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh. *Amen.*

Beannaichte gu'n robh an Trianaid Naomh, agus neodhealaichte, a nis agus gu sìorruith. *Amen.*

A Spioraid Naoimh, thig agus lòn cridheachan do chreideach, agus las annta teine do ghaoil. *Amen.*

Deònaich, a Thighearna, dcagh-bheartan a chur na'r cridheachan, agus co-oibreachadh leinn ga 'n cur 'an gnìomh; air chor's gur h-ann bhuatsa a thig tùs ar n-ùrnaigh 's ar gnìomh-annan gu léir, agus gur h-ann annadsa a theid an crìochnachadh. Tromh Iosa Crìosta ar Tighearna. *Amen.*

Veni Sancte Spiritus.

A Spioraid Naoimh, ar n-àrd-threise,
Thig bho ghrian-chathair do ghlòir,
Sgaoil gach ceò 'tha ga'r cur iomrall,
'S leig soillsein dhe d' sholus ðirnn.

Thig, o 'Athair nan diòl-déirce,
 Do gach féumach sìn do làmh ;
 A làmh bho'n tig gach rogha gibht,
 Soilleirich gach eridhe dall.

A Righ na cofhurtachd 's an t-sòlais,
 Bu tu Aoidh an àigh do'n anam ;
 Cha'n fhairich e teas no ganntar,
 'S e na d'làimh-sa 'triall gu aineol.

'S tu 'bheireadh furtachd agus tàmh,
 Do'n phiantach a bhios fo sgìos ;
 A' mhal' air an laidh am pràmh,
 'S ann agads' 'tha sòlas di.

O, 'Sholuis a's àillidh snuagh,
 Na bi 'n dubhar ðirnn na'r càs ;
 'Us ann an crìdh' do chreideach gaoil,
 Beothaich teine caomh do ghràidh.

Gun do chòmhnadhsa, 'Dhia thréin,
 Cha'n 'eil sgoinn 'am mac an duine ;
 Cha'n 'eil ceann gun lochd fo'n ghréin,
 'S ann ad mhèinn-sa 'tha sinn uile.

Glan-sa dhinn gach uile thruailleachd,
 Uisgich le d'ghràsan ar tart ;
 Leighis gach anam a tha ledinte,
 Strìochd na rag-mhuin'laich ri d' reachd.

Taisich neimh a' chridhe chruaidh,
 Bi 'd chait-iùil dhuinn anns gach gàbhadh ;
 'S do na creidich tha na d'earbsa,
 Thoir seachd tiòdhlaisean do ghràidh.

Treòdirich na creidich ri 'm beò,
 'S na tréig iad an uair am bàis ;
 Sàbhail an anam bho phian,
 'S gu'm meal iad do shìth gu bràch.

V. Cuir a mach do spiorad, 's bidh iad air an cruthachadh.

R. Agus ath-nuadhaichidh tu aghaidh an talmhainn.

Guidheamaid.

A Dhia, a theagaisg cridheachan nan creideach le soilleireachadh an Spioraid Naoimh : deònaich dhuinn 's an Spiorad chiadna, a bhi 'n déigh air beartan matha, agus sìor-thoilinntinn a bhi òirnn na 'chofhurtachd. Tromh Iosa Criosta ar Tighearna. *Amen.*

Gníomh Creidimh.

Tha sinn ag creidsinn gu daingean gu'm beil aon Dia ann ; agus gu'm beil ann an Dia trì pearsaichean, an t-Athair, agus am Mac, agus an Spiorad Naomh. Gu'n do ghabh am Mac an nàdar daonda air giùlan na h-Oighe Moire le cumhachd an Spioraid Naoimh ; gu'n d'fhuilig

e pàis agus bàs air ar son anns an nàdur dhaonda ; gu'n d'cirich e rithist bho'n bhàs ; gu'n deach e suas air nèamh ; 's gu'n tig e á sin a rithist a thoirt glòire sìorruith do na daoine diadhaidh, agus péine sìorruith do na daoine mìdhiaidh. A thuilleadh air sin, tha sinn ag creidsinn gach aon nì a tha'n Eaglais naomh Chaitliceach ag cur mu 'r coinnimh a chreid-sinn : a chionn gur h-e Dia an fhìor fhìrinn nach urrainn mealladh no 'bhi air a mhealladh, a thaisbcin gach firinn dhi. *Amen.*

Gníomh Dòchais.

A Dhia, a chionn gu'm beil thu uile-chumhachdach, uile-thròcaircach, agus uile-mhathasach, agus ro-fhìrinneach na d' ghealladh, tha sinn 'an earbsa gu'n toir thu mathanas dhuinn na'r peacannan as lcth toillteanas do Mhic Iosa Criosta ; agus gu'n cuidich thu sinn le d' ghràsan gu leantainn air gníomhannan math a dhianamh, lcis an coisinn sinn a' bheatha shìorruith a tha thu 'gealltainn duinn anns na flaitheas. *Amen.*

Gníomh Gràidh.

A Dhia, bho'n a tha thu uile-mhath annad fhéin agus uile-mhathasach dhuinne, tha sinn a' toirt gaoil dhut thair gach nì le'r n-uile chridhe, le'r n-uile anam, le'r n-uile inntinn, agus le'r n-uile neart ; agus air son do ghaoil-sa, tha sinn deònach

dealachadh ris a h-uile ni a roghainn air thusa
chall leis a' pheacadh. Agus as do leth-sa tha
sinn a' toirt gaoil dh'ar coimhearsnach mar
dhuinn fhein, agus mathanais bho'r cridhe dh'ar
naimhdean. *Amen.*

Gníomh Aithreachais.

A Dhia, dh'am beil sinn a' toirt gaoil os cionn
gach nì, tha sinn duilich bho ghrùnnnd ar cridhe
gu'n do chuir sinn miòthlachd riabh ort le'r
peacannam; agus le còmhnaidh do ghràs, tha
sinn ag cur romhainn á so suas gu'n seachainn
sinn gu ro-chùramach a h-uile peacadh agus a
h-uile ceann-aobhair peacaidh. *Amen.*

Urnaigh.

O Thighearna nèamh agus talmhainn, tha sinn
an diugh a' tighinn 'ad làthair a thairgse suas dhut
iobairt Chuirp agus Fhala do Mhic ar Slànaidh,
mar ionann ris an iobairt a thairg esan air a'
chrois :

An toiseach, Gu miadachadh urraim agus glòire
do d'ainm naomh—mar iobairt-aoraidh nach
fhaodar a thairgse ach dhutsa na d'ðnrachd.

'S an dara h-àite, Mar iobairt-bhuidheachais
air son gach uile mhathais a thaobh anma agus
cuirp a bhulich thu ðirnne 's air an atharrach
anns an ùine 'chaidh seachad.


'S an treas àite, Mar iobairt-locaidh air son

mathanais ar n-uile pheacannan, air am beil a nise gràin againn le'r n-uile chridhe, 's sinn ag cur romhainn le rùn làidir, nach bi sinn gu bràch tuille coireach annsta.

'S a' cheathramh àite, Mar ìobairt-achanaich air son gràsan dhuinn fhein agus do gach neach a réir am féum agus an uireasbhuidh. Tha sinn ag achanaich ort, o 'Thighearna, tromh luaidheachd Fuil do Mhic, gu'n deònaicheadh tu d'Eaglais naomh Chaitliceach a lìonsgaradh anns gach cèarna de'n t-saoghal, 's iadsan a th' ann an dorchadas a thaobh creidimh a thoirt gu slighe na firinne, los gu'n tig gach uile neach a stigh do'n aon Chrò fo'n aon Bhuachaille. Deònaich do Cheannard na h-Eaglais, dh'ar n-easbuigean 's dh'ar pearsaichean-eaglais, comaradh do Spioraid Naoimh, gu 'bhi na'n iùil 's na'n solus do na creidich, agus dìchiollach a' sealltainn thairis air an tréud a tha'n earbsa riutha. Thoir neart agus gliocas do gach uachdaran saoghalta, gu h-àraig do'n Bhànnruinn, gus iad fhéin a ghiùlan gu math an t-sluaigh a tha fo'n cùram. Deònaich gràsan an fhìor aithreachais do'n pheacach thruagh, agus rùn làidir gun bhristeadh dhaibhsan a tha ceart. Fuadaich bhuainn plàigh, gorta, cogadh, 's gach breitheanas eile a tha ar peacannan a' toilltinn. Seall a nuas na d' iochd le caoimhneas air gach neach a th' ann an éigin air muir no air tìr, no air leaba na h-easlainte, (*gu sònraichte air, A.*) Beannaich, a

Thighearna, ar pàrantan, ar caomh-chuideachda, agus luchd-ar-leasachaidh. Beannaich gach neach air an d'rinn sinn éucoir, no dh'an d'thug sinn aobhar-peacaidh le'r droch-ghiùlan. Beannaich ar nàimhdean agus iadsan uile a tha e mar fhiachan òirnn guidhe air an son. Tha sinn ag achanaich ort gu'n dianadh tu iochd 'us bàigh ri anmannan nanì marbh-chreideach a dh'haodadh a bhi fhathast 'an àite-diachainn ga'n uidheamachadh air son glòire fhlathanais. (*Agus an duigh tha mi'n earbsa gu'n cuimhnich sibh A. a dh'èug. . . .*) Gu'n deònaicheadh tu an tìm a ghiorrhachadh, agus an toirt á àite-dòruinnc do ghlòdir fhlathanais.

Agus bho'n a dh'òrduich Iosa Crìosta gu'n dianamaid an diomhrachd àghor so a chumail 'an cleachdad air a shon, tha sinn a' tairgse na h-Aifrinn so mar chuimhneachan-taingcalachd air 'fhalangas agus air a bhàs—air 'aiseirigh ghlòrmhoir bho'n uaigh agus a dhol suas le mòralachd do nèamh. Agus gu so a bhi na's taitniche leatsa, tha sinn ga 'tairgse tromh Iosa do Mhac ionmuinn, ar Tighearna agus ar Slànair; agus ann an ainnm na Trianaide Beann-achte, an t-Athair, agus am Mac, agus an Spiorad Naomh. *Amen.*



ANIMA CHRISTI.

Anma Chriosta, naomhaich mi.
 A Chuirp Chriosta, sàbhail mi.
 'Fhuil Chriosta, sàthaich mi.
 'Uisge thaobh Chriosta, glan mi.
 A Phàis Chriosta, neartaich mi.
 'Iosa mhath, gu gràsor éisd rium.
 Ann ad lotan falaich mi.
 Na fuilg mo sgaradh bhuat.
 Bho 'n àmhaid aingidh teasraig mi.
 Aig uair mo bhàis gairm mi.
 Agus òrdaich mi 'thighinn 'ad ionnsaidh.
 Gu 'bhi maille ri d' Naoimh a' toirt cliù dhut
 Fad shaoghal nan saoghal. *Amen.*

URNAIGH AN OSTAIL ANNDRA.

THA sinn gu h-àmhlaidh ag guidhe air do Mhòdrachd, a Thighearna, an t-Ostal Beannaichte Anndra, amhul's mar a bha e na 'shearmonaiche's na 'bhuachaille na d'Eaglais, mar sin gu'm bi e 'g eadarghuidhe daonnan riutsa air ar son. *Tromh, &c.*

URNAIGH BAN-NAOMH MAIRGHREAD.

A DHIA, a rinn Ban-naomh Mairghread, Bànruinn na h-Alba, ro-iomraiteach a thaobb a mòr-iochd do na bochdan; deònaich, as leth a h-eadarghuidhe agus a samhlaidh, do ghaol a bhi 'stor-mhiadachadh na'r cridheachan. *Tromh, &c.*

URNAIGH AIR SON A' PHÀPA.

A DHIA, a Bhuachaille's a Riaghladair nan creideach uile, seall gu tròcaireach ri d'sheirbhiseach am Pàp, A. a dhèònaich thu 'shuidheachadh na 'Bhuachaille air d'Eaglais: tiùraich dha, tha sinn ag guidhe ort, a bhi maraon le 'fhalacal's le 'dheagh-shamhladh, gu stàth dhaibhsan a tha fo 'chùram; agus gu'm buannaichd e fhèin maille ris an tréud a tha'n earbsa ris, a' bheatha shiorruith. *Tromh, &c.*

Ordo Missæ.

AIG CRATHADH AN UISGE-CHOISRIG.

ASPERGES.

i. Eho Dhònach na Trianaid gu Dònach Shlat-Pailm.

Ant. A SPERGES me, Do-
mine, hyssopo, et
mundabor; lavabis me, et
super nivem dealbabor.

Ps. Miserere mei Deus,
secundum magnam miseri-
cordiam tuam.

Gloria Patri, et Filio, et
Spiritui Sancto.

Sicut erat in principio, et
nunc, et semper; et in
sæcula sæculorum. Amen.

Ant. Asperges me, &c.

UISGICHIDH tu mi le
hisop, a Thighcarna,
agus bitidh mi air mo
ghlanadh; nighidh tu mi
agus bitidh mi na's gile
na'n sneachd.

Sm. Dian tròcair orm, a
Dhia, a réir do mhòr thròc-
aire.

Glbir do'n Athair, agus
do'n Mhac, agus do'n Spiorad
Naomh. Mar a bhà, agus
mar à thà, agus mar a
bhitheas; fad shaoghal nan
saoghal. Amen.

Nighidh tu mi, &c.

ii. Eho Chaisg gu Caingis.

VIDI AQUAM.

Ant. VIDI aquam egredien-
tem de templo a latere dex-
tro, Alleluia; et omnes ad
quos pervenit aqua ista, salvi
facti sunt, et dicent, Alle-
luia.

CHUNNAIC mi uisge a'
sruthadh bho thaobh deas an
tèampaill, Alleluia; agus iad-
san uile gus an d'thàinig an
tuisge so, bha iad sàbhailte,
agus their iad, Alleluia.

Ps. Confitemini Domino,
quoniam bonus; quoniam in
sæculum misericordia ejus.

Gloria, &c.

V. Ostende nobis, Domine,
misericordiam tuam.

R. Et salutare tuum da
nobis.

V. Domine exaudi ora-
tionem meam.

R. Et clamor meus ad
te veniat.

V. Dominus vobiscum.

R. Et cum spiritu tuo.

Oramus.

EXAUDI nos, Domine
sancte, Pater omnipotens,
æterne Deus; et mittere
digneris sanctum Angelum
tuum de cœlis, qui custodiat,
foveat, protegat, visitet,
atque defendat omnes habi-
tantes in hoc habitaculo.
Per Christum Dominum
nostrum. Amen.

Sm. Molaibhan Tighearna,
oirtha e math; oir tha a thròc-
aira' mairsinn gu siorruth.

Glòr do'n Athair, &c.

An uair a thilleas an sagart thun na h-altrach.

Fiach dhuinn, a Thighearna,
do thròcair.

Agus deònaich dhuinn do
shlàinte.

A Thighearna, éisd ri m'
ùrnraig.

Agus gu d'ionnsuidh thig-
eadh m'achanaich.

Gu'n robh an Tighearna
maille ribh.

Agus ri d'spiorad-sa.

Guidheamaid.

Eisd ruinn, a Thighearna
naoimh, 'Athair uile-chumh-
achdaich, a Dhia shiorruth:
agus deònaich d'aingeal
naomh a chur a nuas as
na flaithis a ghleidheadh, a
dh-eiridneachadh, a theas-
raiginn, a shealltainn, agus
a dhlon gach neach a tha
's an làthair 's an tigh so.
Tromh Chriosta ar Tighearna.
Amen.

Ordo Missæ

URNAIGHEAN NA H-AIFRINN.



An uair a tha'n sagart a' tòiseachadh air an Aifrinn.

IN Nomine Patris, et
Fili, et Spiritus Sancti.
Amen.

S. Introibo ad altare Dei.

M. Ad Deum, qui lætifi-
cat juventutem meam.

AN ainm an Athar, agus
a' Mhic, agus an Spior-
aid Naoimh. Amen.

S. Theid mi stigh gu alt-
air Dhé.

C. Gu Dia a tha 'dianamh
m' òige subhach.

xlvi. Salm.

S. JUDICA me Deus, et
discerne causam meam de
gente non sanctâ; ab homine
iniquo, et doloso erue me.

M. Quia tu es, Deus,
fortitudo mea, quare me
repulisti? Et quare tristis
incedo, dum affigit me
inimicus?

S. Emitte lucem tuam, et
veritatem tuam; ipsa me
deduxerunt, et adduxerunt
in montem sanctum tuum,
et in tabernacula tua.

M. Et introibo ad altare
Dei; ad Deum qui lætitiat
juventutem meam.

S. THOIR-SA breth orm, a
Dhia, agus eadar-dhealaich
mo chùis bho'n chinneadh
nach naomh; bho'n duine
eucorach agus chealgach
teasraig mi.

C. Oir is tus', a Dhia, mo
neart, carson a chuir thu
bhuat mi? Agus carson is
dubhach mo thriall, 's mo
nàmhaid ga m' chlaoidh?

S. Cuir a nuas do sholus
agus d'fhìrinn; threòdirich
iad mi, agus thug iad mi
gu d'bheinn naoimh, agus
a stigh do d'phàillinnean.

C. Agus theid mi stigh
gu altair Dhé; gu Dia a tha
a' dianamh m' òige subhach.

S. Confitebor tibi in citharâ, Deus, Deus meus; quare tristis es, anima mea, et quare conturbas me?

M. Spera in Deo, quoniam adhuc confitebor illi: salutare vultûs mei, et Deus meus.

S. Gloria Patri, et Filio, et Spiritui Sancto.

M. Sicut erat in principio, et nunc, et semper, et in sæcula sæculorum. Amen.

S. Iutroibo ad altare Dei.

M. Ad Deum, qui lætitiat juventutem meam.

S. Adjutorium nostrum in nomine Domini.

M. Qui fecit cœlum et terram.

S. Confiteor Deo omnipotenti, &c.

M. Misereatur tui omnipotens Deus, et dimissis peccatis tuis, perducat te ad vitam æternam.

S. Amen.

M. Confiteor Deo omnipotenti, beatæ Mariæ semper Virgini, beato Michaeli

S. Bheir mi moladh dhut air a' chlàrsach, a 'Dhia, mo Dhia; ciod uime a tha thu dubhach, m' anam? agus carson a tha thu ag cur bruaidlein orm?

C. Cuir d'earbsa ann an Dia, oir fhathast bheir mi moladh dha: slainte mo ghnuise, agus mo Dhia.

S. Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh.

C. Mar a bhà, 's mar a thà, 's mar a bhitheas, fad shaoghal nan saoghal. Amen.

S. Theid mi stigh gu altair Dhé.

C. Gu Dia a tha 'dianamh m' dige subhach.

S. Tha ar cobhair ann an ainm an Tighearna.

C. A rinn nèamh agus talamh.

S. Tha mi ag aideachadh do Dhia, &c.

C. Gu'n dianadh Dia uile-chumhachdach tròcain ort, gu'm mathadh e dhut do pheacannan, agus gu'n stiùireadh e thu gu beatha shlorruith.

S. Amen.

C. Tha mi ag aideachadh do Dhia uile-chumhachdach, do naomh Mhoire 'bha riabh

Archangelo, beato Joanni Baptiste, sanctis Apostolis Petro et Paulo, omnibus sanctis, et tibi Pater, quia peccavi nimis cogitatione, verbo, et opere, meā culpā, meā culpā, meā maximā culpā. Ideo precor beatam Mariam semper Virginem, beatum Michaelem Archangelum, beatum Joannem Baptistam, sanctos Apostolos Petrum et Paulum, omnes sanctos, et te, Pater, orare pro me ad Dominum Deum nostrum.

Baiste, air na naomh Ostail Peadar agus Pòl, air na Naoimh uile, agus oirbhse, 'Athair, ùrnaigh a dhianamh ris an Tighearna ar Dia air mo shon.

S. Misereatur vestri omnipotens Deus, et dimissis peccatis vestris, perducat vos ad vitam æternam.

M. Amen.

S. Indulgentiam, absolutionem, et remissionem, peccatorum nostrorum, tribuat nobis omnipotens et misericors Dominus.

M. Amen.

S. Deus, tu conversus vivificabis nos.

na 'h-Oigh, do Naomh Micheil an t-Ard-Aingeal, do Naomh Eòin Baiste, do na naomh Ostail Peadar agus Pòl, do na Naoimh uile, agus dhuibhse, 'Athair, gu'n do pheacaich mi gu trom le m' smaointean, le m' bhriathran, 's le m' ghnìomhannan, le m' choire fhein, le m' choire fhein, le m' mhòr choire fhein. Air an aobhar sin tha mi 'guidhe air naomh Mhoire 'bha riabh na 'h-Oigh, air Naomh Micheil an t-Ard-Aingeal, air Naomh Eòin

Ostail Peadar agus Pòl, air na Naoimh uile, agus oirbhse, 'Athair, ùrnaigh a dhianamh ris an Tighearna ar Dia air mo shon.

S. Gu'n dianadh Dia uile-chumhachdach tròcairoirbh, gu'm mathadh e dhuibh ur peacannan, agus gu'n stiùireadh e sibh gu beatha shiorruith.

C. Amen.

S. Gu'n dianadh Dia uile - chumhachdach agus tròcaireachmathanas, fuasg-ladh, agus saorsa, a thoirt dhuinn na 'r n-uile pheacannan.

C. Amen.

S. A Dhia, tionndaidhidh tu ruinn agus beothaichidh tu sinn.

M. Et plebs tua lætabitur
in te.

S. Ostende nobis, Domine,
misericordiam tuam.

M. Et salutare tuam da
nobis.

S. Domine, exaudi ora-
tionem meam.

M. Et clamor meus ad te
veniat.

S. Dominus vobiscum.

M. Et cum spiritu tuo.

An uair a tha'n sagart a' dìreadh thun na h-altrach.

OREMUS.

AUFER a nobis, quæsu-
mus, Domine, iniurias
nostras ; ut ad Sancta
Sanctorum puris mereamur
mentibus introire. Per
Christum Dominum nos-
trum. Amen.

Au uair a tha'n sagart a' pògdadh na h-altrach.

ORAMUS te, Domine, per
merita sanctorum tuorum,
quorum reliquiae hic sunt, et
omnium sanctorum : ut in-
dulgere digneris omnia pec-
cata mea. Amen.

C. Agus ni do shluagh
subhachas annad.

S. Fiach dhuinn, a Thigh-
earna, do thròcair.

C. Agus deònaich dhuinn
do shlàinte.

S. A Thighearna, éisd ri
m' ùrnaigh.

C. Agus gu d' ionnsaidh
thigeadh m' achanaich.

S. Gu'n robh an Tighearna
maille ribh.

C. Agus ri d' spiorad-sa.

GUIDHEAMAID.

BUIN dhinn ar ciontan, a
Thighearna, tha sinn ag
guidhe ort, los gu'n toill
sinn dol a stigh le cridhe
glan do'n ionad-naomh.
Tromh Chriosta ar Tigh-
earna. Amen.

An t-INTROITUS.

BENEDICTA sit sancta Tri-
nitas, atque indivisa Unitas:
confitebimur ei, quia fecit

BEANNAICHTE gu'n robh
an Trianaid naomh agus an
Aonachd neodhealaichte :

nobiscum misericordiam suam. *Ps.* Domine, Dominus noster, quām admirabile est nomen tuum in universâ terrâ!

V. Gloria Patri, &c.

bheir sinn glòir dha, oir rinn e tròcair oirnn. *Sm.* A Thighearna, ar Tighearna, nach àghor d'ainm air an talamh uile!

Glòir do'n Athair, &c.

AIG KYRIE ELEISON.

S. Kyrie eleison.

S. A. Thighearna, dian tròcair oirnn.

M. Kyrie eleison.

C. A. Thighearna, dian tròcair oirnn.

S. Kyrie eleison.

S. A. Thighearna, dian tròcair oirnn.

M. Christe eleison.

C. A. Chriosta, dian tròcair oirnn.

S. Christe eleison.

S. A. Chriosta, dian tròcair oirnn.

M. Christe eleison.

C. A. Chriosta, dian tròcair oirnn.

S. Kyrie eleison.

S. A. Thighearna, dian tròcair oirnu.

M. Kyrie elcison.

C. A. Thighearna, dian tròcair oirnn.

S. Kyrie eleison.

S. A. Thighearna, dian tròcair oirnn.

GLORIA in excelsis Deo,
et in terrâ pax hominibus
bonæ voluntatis. Laudamus
te, benedicimus te, adora-
mus te, glorificamus te.
Gratias agimus tibi propter
magnum gloriam tuam. Do-
mine Deus, Rex caelstis,

GLÒIR do Dhia anns na
h-àrdaibh, agus air talamh
sìth doluchd na deagh thoile.
Tha sinn a' toirt molaidh
dhut, tha sinn a' toirt
beannachaidh dhut, tha sinn
a' toirt aoraidh dhut, tha
sinn a' toirt glòire dhut.

Deus Pater omnipotens. Domine Fili unigenite Jesu Christe. Domine Deus, Agnus Dei, Filius Patris. Qui tollis peccata mundi, miserere nobis. Qui tollis peccata mundi, suscipe deprecationem nostram. Qui sedes ad dexteram Patris, miserere nobis. Quoniam Tu solus sanctus; Tu solus Dominus; Tu solus altissimus, Jesu Christe, cum Sancto Spiritu, in gloriâ Dei Patris. Amen.

laimh an Athar, dian trðcair oirnn. Oir is tusa 'mhàin a tha naomh; is tusa 'mhàin a's Tighearna; is tusa 'mhàin a's àirde, Iosa Chriosta, maille ris an Spiorad Naomh, ann an glòir Dhé an t-Athair. Amen.

S. Dominus vobiscum.

M. Et cum spiritu tuo.

Oremus.

OMNIPOTENS sempiterne Deus, qui dedisti famulis tuis in confessione veræ fidei, æternæ Trinitatis gloriam agnoscere, et in potentia majestatis adorare unitatem; quæsumus, ut ejusdem fidei firmitate, ab omnibus semper muniamur adversis. Per Dominum nostrum Jesum Christum Filium tuum, qui tecum vivit et

Tha sinn a' toirt buidh-eachais dhut air son do mhòr ghlòire. A Thighearna Dia, a Righ Nèamh, a Dha an t-Athair uile-chumhachdach. A Thighearna, 'Aonghin Mhic, Iosa Crïosta: a Thighearna Dia, Uan Dhé, Mac an Athar. Thusa a tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghal dian trðcair oirnn. Thusa a tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghal gabhrí 'r n-ùrnaighean. Thusa a tha na d'shuidhe air deas-

laimh an Athar, dian trðcair oirnn. Oir is tusa 'mhàin a tha naomh; is tusa 'mhàin a's Tighearna; is tusa 'mhàin a's àirde, Iosa Chriosta, maille ris an Spiorad Naomh, ann an glòir Dhé an t-Athair. Amen.

S. Gu'n robh an Tigh-earna maille ribh.

C. Agus ri d' spiorad-sa.

Guidheamaid.

A DHIA uile-chumhachd-aich shlorruith, a thiùraich do d'sheirbhisich, ann an aidmheil an fhìorchreidimh, glòir na Trianaid slorruith aideachadh, agus ann an cumhachd aoradh a thoirt do aonachd na mòrachd; dednaich le bunailteas daingeann 's a' chreideamh chiadna, gu'm bi sinn tiarainnte daonna bho gach

regnat in unitate Spiritus truaighe. Tromh Iosa Sancti, Deus :

Criosta, do Mhac, ar Tigh-earna, Dia a tha bò agus a'

rian maille riutsa ann an aonachd an Spioraid Naoimh :

S. Per omnia sæcula sæculorum. S. Fad shaoghal nan saoghal.

M. Amen.

C. Amen.

AN LITIR (Rom. xi. 33-36).*

O ALTITUDO divitiarum sapientiæ, et scientiæ Dei : quam incomprehensibilia sunt judicia ejus, et investigabiles viæ ejus ! Quis enim cognovit sensum Domini ? Aut quis consiliarius ejus fuit ? Aut quis prior dedit illi, et retribuetur ei ? Quoniam ex ipso, et per ipsum, et in ipso, sunt omnia : ipsi honor et gloria in sæcula. Amen.

M. Deo gratias.

O DOIMHNE saibhreas gliocas agus eolas De : nach do-thuigsiuneach a bhreith-eanasan, 's do-rannsaichte a rathaidean ! Oir co dha'm b'aithne beachd an Tigh-earna ? No co b'fhear comhairle dha ? No co thug dha an toiseach, us diolar dha ? Oir 'sann bhuaith-san, agus troimh-san, agus annsan a tha h-uile ni : dhasan gun robh glòir gu siorruidh. Amen.

C. Taing do Dhia.

AN GRADUAL.

BENEDICTUS es, Domine, qui intueris abyssos, et sedes super Cherubim. Benedictus es, Domine, in firmamento cœli, et laudabilis in sæcula. Alleluia, Alleluia. Benedictus es, Domine Deus Patrum nostrorum, et laudabilis in sæcula. Alleluia.

raichean, agus is airidh air cliù gu siorruith. Alleluia.

Is beannaichte thusa 'Thighearna, a tha 'gabhail beachd air nah-aigeil, 's a tha na d'shuidhe air na Cherubim. Is beannaichte thusa, a Thighearna, ann an spéur Nèamh, agus is airidh air cliù gu siorruith. Alleluia, Alleluia. Is beannaichte thusa, a Thighearna Dia ar n-ath-

* Faic Clar-innse nan Litrichean agus nan Soisgeul, air slios iii., deireadh an Tiomnaidh Nuaidh.

MUNDA COR MEUM.

MUNDA cor meum, ac labia mea, omnipotens Deus, qui labia Isaiae Prophetæ calculo mundasti ignito ; ita me tua grata miseratione dignare mundare, ut sanctum evangelium tuum digne valeam nuntiare. Per Christum Dominum nostrum. Amen.

S. Dominus vobiscum.

M. Et cum spiritu tuo.

S. Sequentia (*vel initium*) sancti Evangelii secundum, N.

M. Gloria tibi, Domine.

GLAN mo chridhe 's mo bhilean, a Dhia uile-chumhachdaich, a għlan bilean Isàia le ēibhleig theine : as leth do chaomh thrċaire, deċonaich mo għlanadh air sheħl 's gur h-urraiun domh do shoisgeul naomh a chur gu h-iomchuidh 'an céill. Tromh Chriosta ar Tighearna. Amen.

S. Gu'n robh an Tighearna maille ribh.

C. Agus ri d'spiorad-sa.

S. Earrann de'n t-Soisgeul naomh (*no* toiseach an t-Soisgeil naoimh) a réir Naomh . . .

C. Glòir dhutsa, a Thighearna.

AN SOISGEUL (Matu xxviii. 18-20).

In illo tempore : Dixit Jesus discipulis suis : Data est mihi omnis potestas in cœlo et in terra. Euntes ergo, docete omnes gentes, baptizantes eos in nomine Patris, et Filii, et Spiritus Sancti ; docentes eos servare ounia quæcumque mandavi vobis. Et ecce ego vobiscum sum omnibus diebus, usque ad consummationem sæculi.

'S an àm ud : Thuirt Iosa ri 'dheisciobuil : Thugadli dhomhsa a h-uile cumhachd air neamh 's air talamh. Falbhaibh mata, agus teagaisgibh a h-uile cinneadh, gam baisteadh an ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid Naoimh ; a teagascgħiha h-uileni a chumail a dh'aitn mise oirbh : agus, seall, tha mise maille ribh h-uile latha gu deir-eadh an t-saogħail.

*M. Laus tibi, Christe.
S. Per Evangelica dicta
deleantur nostra delicta.*

*C. Glòirdhutsa, a Chriosta.
S. Gu'n robh ar peacannan
air an dubhadh as le briathran
an t-Soisgeil.*

A' CHRÉUD.

*CREDO in unum Deum,
Patrem omnipotentem, Factorem
cœli et terræ, visibilium
omnium et invisibilium.*

*CREIDIM ann an aon Dia,
an t-Athair uile-chumhachdach,
Cruthadair nèamh agus talmhainn,
a h-uile nì faicinneach agus neofhaic-inneach.*

*Et in unum Dominum
Jesum Christum, Filium
Dei unigenitum, et ex Patre
natum ante omnia sæcula.
Deum de Deo, lumen de
lumine, Deum verum de
Deo vero; genitum non
factum, consubstantiale
Patri, per quem omnia facta
sunt. Qui propter nos homi-
nes, et propter nostram
salutem, descendit de cœlis;
et incarnatus est de Spiritu
Sancto, ex Mariâ Virgine;
ET HOMO FACTUS EST.
Crucifixus etiam pro nobis,
sub Pontio Pilato passus, et
sepultus est. Et resurrexit
tertiâ die secundum scrip-
tuas; et ascendit in cœlum,
sedet ad dexteram Patris;
et iterum venturus est cum
gloriâ, judicare vivos et*

*Agus anns an aon Thigh-
earna Iosa Criosta, Aonghin-
Mhic Dhé, agus a rugadh
bho'n Athair romh gach
linn. Dia de Dhia; Solus
de Sholus; flor Dhia de
fhìor Dhia; ginte cha'n ann
diante; de'n aon shusbaint
ris an Athair, leis an
d'rinneadh a h-uile ni. A
thàinig a nuas as na flaithis
air ar son-ne daoine, agus
gusarsàbhaladh; agusghabh
e feòilleis an Spiorad Naomh
de'n Oigh Moire: *AGUS
RINNEADH NA'DHUINE
E. Chéusadh e cuideachd
air ar son, dh'fhuilic e fo
Phontius Pilat, agus thiodh-
laiceadh e. Agus dh'éirich e
rithist a réir nan sgriobtura;
agus chaidhe suasdonèamh:
tha e na 'shuidhe air deas-*

* Aig na briathran so lùb air do leth-ghlùn.

mortuos ; cuius regni non erit finis.

*Et in Spiritum Sanctum,
Dominum et vivificantem,
qui ex Patre Filioque pro-
cedit ; qui cum Patre et
Filio simul adoratur, et
conglorificatur ; qui locutus
est per Prophetas.*

*Et unam sanctam Catholi-
cam et Apostolicam Eccle-
siam. Confiteor unum
baptisma in remissionem
peccatorum. Et expecto
resurrectionem mortuorum,
et vitam venturi sæculi.
Amen.*

S. Dominus vobiscum.

M. Et cum spiritu tuo.

AN T-OFFERTORIUM.

BENEDICTUS sit Deus
Pater, unigenitusque Dei
Filius, Sanctus quoque Spir-
itus ; quia fecit nobiscum
misericordiam suam.

BEANNAICHTE gu'n robh
Dia an t-Athair, agus
Aonghin-Mhic Dhé, agus
maraon an Spiorad Naomh ;
oir dh'fhiach e a thrðcair
dhuinn.

AIG TAIRGSE AN ARAIN.

SUSCIPE, sancte Pater,
omnipotens, æterne Deus,
hanc immaculatam Hostiam,

ATHAIR naoimh, a Dhia
uile-chumhachdaich, shior-
ruith, gabh an tobhartas

quam ego indignus famulus tuus offero tibi Deo meo vivo et vero, pro innumerabilibus peccatis et offenditionibus et negligentiis meis, et pro omnibus circumstantibus; sed et pro omnibus fidelibus Christianis, vivis atque defunctis; ut mihi et illis proficiat ad salutem in vitam æternam. Amen.

alaidh gu beatha shlorruith.

AIG CUR AN FHIONA AGUS AN UISGE ANNS A' CHAILIS.

DEUS, qui humanæ substantiæ dignitatem mirabiliter condidisti, et mirabilius reformasti; da nobis per hujus Aquæ et Vini mysterium, ejus divinitatis esse consortes, qui humanitatis nostræ fieri dignatus est particeps, Jesus Christus Filius tuus Dominus noster; qui tecum vivit et regnat, in unitate Spiritus Sancti, Deus, per omnia sæcula sæculorum. Amen.

florghlan so, a tha mise do sheirbhiseach neo-airidh a' tairgsinn dhut, mo Dhia bed agus flor, ann an éirig mo pheacannan, mo chiontan, agus mo dhearmad gun àirimh, agus air son gach neach 's an làthair, 's marnaon air son nan creideach uile, bed agus marbh, los e 'bhi stàthor dhòmhsha agus dhaibhsan a thaobh sàbh-Amen.

A DHIA, a dhealbh gu h-àghor inbhe na daondachd, agus a dh'ath-nuadhaich na b'aghoir'e, deònaich dhuinne as leth dlomhrachd an Uisge agus an Fhlona so, a bhi na 'r co-phàirtichean de a dhiadhachd-san a thiùraich a bhi na 'cho-pàirtiche de 'r daondachd-ne, do Mhac-san Iosa Criosta ar Tighearna; Dia, a tha bed's a' rian maille riutsa ann an aonachd an Spioraid Naoimh, fad shaoghal nan saoghal. Amen.

AIG TAIRGSINN NA CAILISE.

OFFERIMUS tibi, Domine, Calicem salutaris, tuam deprecantes clementiam, ut in conspectu divinæ Majestatis tuæ, pro nostrâ et totius

THA sinn a' tairgsinn dhut, a Thighearna, cailis an t-sàbhalaidh, ag guidhe air do thròcair, gu'n éirich i suas le faileadh cùbhraidih

mundi salute, cum odore
suavitatis ascendat. Aimen.

IN spiritu humilitatis, et
in animo contrito suscipiamur
à te, Domine; et sic
fiat sacrificium nostrum in
conspectu tuo hodie, ut
placeat tibi, Domine Deus.

VENI, sanctificator, omni-
potens æterne Deus, et
bene  dic hoc sacrificium
Tuo sancto Nomini præpa-
ratum.

LAVABO inter innocentes
manus meas; et circumdabo
altare tuum, Domine:

Ut audiam vocem laudis,
et enarrem universa mira-
bilia tua.

Domine, dilexi decorem
domus tuæ, et locum habi-
tationis gloriæ tuæ.

Ne perdas cum impiis,
Deus, animam meam, et
cum viris sanguinum vitam
meam.

In quorum manibus ini-
quitates sunt; dextera eo-
rum repleta est muneribus.

'an làthair do Mhòrachd
diadhaidh air son ar
sàbhalaidh fhein agus an
t-saoghal uile. Amen.

ANN an spiorad na h-
irisleachd, agus le cridhe
bràite, deònaich gabhail
ruinn, a Thighearna: agus
gu'm bi ar n-lobairt an
diugh diante na d'làthair air
dhòigh a ni taitneach dhut
i, a Thighearna Dia.

THIG-SA, a Naomhaichear,
a nuas, a Dhia uile-chumh-
achdaich, shorruth, agus
beannaich an lobairt so a
th' air a h-ullachadh ann an
onair d'ainme.

xxv. *Salm.—Lavabo.*

NIGHIDH mi mo lamhau
am measg nan neochiont-
ach, agus iadhaidh mi mu
d'altair, a Thighearna:

Los gu'n cluinn mi fonn
cliù, 's gu'n cuir mi 'n céill
d'uile bheartan iongantach.

A Thighearna, ghràdh-
aich mimaise do thighe, agus
ionad-còmhnaidh do ghòire.

Na cuir as do m' anam,
a Dhia, maille ri luchd-na-
mollachd, no do m' bheatha
maille ri luchd-na-fala.

Tha lochdan na 'n lamhan:
tha an làmh dheas làn de
dhuaisean-foille.

Ego autem in innocentia
mea ingressus sum ; redime
me, et miserere mei.

Pes meus stetit in directo;
in ecclesiis benedicam te
Domine.

Gloria Patri, &c.

Ach mise għluais mi am
neochiontas : saor mi, agus
dian trċċair orm.

Sheas mo chas air an t-
slighe dhīrich : anns na
h-eaglaisean beannaichidh
mi thu, a Thighearna.

Gloir do'n Athair, &c.

An nair a tha'n sagart ga 'chromadh fhein aig meadhoñ na h-altrach.

SUSCIPERE, sancta Trinitas,
hanc oblationem, quam tibi
offerimus ob memoriam
Passionis, Resurrectionis,
et Ascensionis Jesu Christi
Dominii nostri; et in honorem
beatæ Mariæ semper Virginis,
et beati Joannis Baptiste,
et sanctorum Apostolorum Petri et Pauli,
et istorum, et omnium Sanctorum;
ut illis proficiat ad
honorem, nobis autem ad
salutem; et illi pro nobis
intercedere dignentur in
cœlis, quorum memoriam
agimus in terris. Per eundem
Christum Dominum
nostrum. Amen.

S. ORATE, Fratres, ut
meum ac vestrum sacrificium
acceptabile fiat apud
Deum Patrem omnipotentem.

M. Suscipiat Dominus

GABH, a Thrianaid naomh,
an iobairt a tha sinn a' taig-
sinn dhut mar chuimhneachan
air pais, air aiseirigh,
agus air deasghabhal ar
Tighearna Iosa Criosta;
agus ann an onair naomh
Mhoire 'bha riabh na 'h-
Oigh, Naomh Eoin Baiste,
nan naomh Ostal Peadar
agus Pdl, agus nan Naomh
so, agus nan Naomh uile;
gu'n tigeadh i gu onair
dhaibhsan agus gu sàbhala-
dh dhuinne : agus gu'n
deðnaicheadh iadsan air am
beil sinn a' toirt cuimhne
air talamh, eadar-ghuidhe
a dhianamh air ar son anns
na flaithis. Tromh Chriosta
ciadna ar Tighearna. Amen.

S. GUIDHIBH, a bhràith-
rean, m' iobairt 's ur u-
iobairt-se a bhi taitneach
do Dha an t-Athair uil-
chumhachdach.

C. Gu'n gabhadh an

sacrificium de manibus tuis
ad laudem et gloriam no-
minis sui, ad utilitatem
quoque nostram, totiusque
Ecclesiæ suæ sanctæ.

Tighearna an lobairt as do
lamhan, gu moladh agus
glòir dh'a ainm fhein, gu
stàth dhuinne, agus dh'a
Eaglais naoimh gu h-iomlan.

AIG NA SECRETA.

SANCTIFICA, quæsumus,
Domine Deus noster, per
tui sancti nominis invocationem,
hujus oblationis hostiam;
et per eam nosmetipsos
tibi perfice munus æternum.
Per Dominum, &c.

NAOMHAICH, guidhimid
ort, a Thighearna ar Dia,
as leth ar gairm air d'ainm
naomh, tobhartas na tairgse
so; agus as a leth dian
sinne fhein na 'r tiadhlaic
slorruith dhutsa. Tromh, &c.

AIG AN ROIMHRADH.

S. Per omnia sæcula
sæculorum.

S. Fad shaoghal nan
saoghal.

M. Amen.

C. Amen.

S. Dominus vobiscum.

S. Gu'n robh an Tighearna
maille ribh.

M. Et cum spiritu tuo.

C. Agus ri d' spiorad-sa.

S. Sursum corda.

S. Togaibh suas ur cridh-
eachan.

M. Habemus ad Do-
minum.

C. Tha iad 'an togail suas
againn ris an Tighearna.

S. Gratias agamus Do-
mino Deo nostro.

S. Thugamaid buidbeach-
as do'n Tighearna ar Dia.

M. Dignum et justum est.

C. Is freagrach agus is
ceart sin.

VERE dignum et justum
est, æquum et salutare, nos
tibi semper, et ubique
gratias agere, Domine sancte,
Pater omnipotens, æterne
Deus.

GU firinneach is freagrach
agus ceart, réusanta agus
slainteil, gu'n tugamaid anns
gach àm agus àite buidh-
eachas dhutsa, a Thighearna
naoimh, 'A thair uile-chumh-
achdaich, a Dhia shiorruith.

Qui cum unigenito Filio tuo, et Spiritu Sancto, unus es Deus, unus es Dominus: non in unius singularitate Personæ, sed in unius Trinitate substantiæ. Quod enim de tua gloria, revelante te, credimus, hoc de Filio tuo, hoc de Spiritu Sancto, sine differentia discretionis sentimus. Ut in confessione veræ sempiternæque Deitatis, et in Personis proprietas, et in essentia unitas, et in Majestate adoretur æqualitas.

Quam laudant Angeli atque Archangeli, Cherubim quoque ac Seraphim, qui non cessant clamare quotidie, una voce dicentes:

SANCTUS, SANCTUS,
SANCTUS, Dominus Deus
Sabaoth.

Pleni sunt cœli et terra
gloriâ tuâ.

Hosanna in excelsis.

Benedictus qui venit in
nomine Domini.

Hosanna in excelsis.

Thusa maille ri d'Aon-ghin-Mhic agus ris an Spiorad Naomh, is aon Dia, is aon Tighearna: cha'n ann 'an aonachd aon Phearsa, ach 'an Trianaid de'n aon shusbaint. Oir na tha sinn ag creidsinn mu d'ghldir-sa, mar a thaisbein thu, sin tha sinn ag creid-sinn mu d' Mhac, sin mu'n Spiorad Naomh, gun mhùth-adh-eadardealachaidh. Air chor 's ann an aidmheil na flor dhiadhachd siorruth, gu'n aorar na Pearsaichean fos leth, agus aonachd anns an t-susbaint, agus ionannachd anns a' Mhòrachd.

A tha na h-Ainglean agus na h-Ardainglean, agus amhuil sin na Cherubim agus na Seraphim a' moladh, 's iad gun sgur ag glaodh-aich gach latha, le aonghuth, ag ràdh:

Is Naomh, Naomh, Naomh,
Tighearna Dia nan Sabaoth.

Tha nèainh agus talamh
làn de d'ghldir.

Hosanna anns na h-àrd-aibh.

Is beannaichte esan a tha
'tighinn 'an ainin an Tighearna.

Hosanna anns na h-àrd-aibh.

Canon Missæ.

TE igitur, clementissime Pater, per Jesum Christum Filium tuum Dominum nostrum, supplices rogamus, ac petimus, uti accepta habeas, et benedicas, hæc dona, hæc munera, hæc sancta sacrificia illibata, in primis quæ tibi offerimus pro Ecclesiâ tuâ sanctâ Catholicâ : quam pacificare, custodire, adunare, et regere digneris toto orbe terrarum, una cum famulo tuo Papa nostro N. et Antistite nostro N. et omnibus orthodoxis atque Catholicæ et Apostolicæ fidei cultoribus.

AIR an aobhar sin, 'Athair uile-thrðcairich, tha sinn gu h-iriseal ag guidhe's ag achanaich ort, as leth Iosa Chriosta do Mhac ar Tighearna, gu'n gabhadh tu le deagh-ghean, agus gu'm beannaicheadh tu na tlodhlaicean so, na tobhartaais so, na h-lobairtean florghlan so, a tha sinn 'an tÙs a' taigtsinn suas dhut air son d'Eaglais naoimh Caitlicich: dednaich dhi sith, dion, aonachd, agus deagh-rian anns gach céarna de'n t-saoghal; agus amhail sin air son do sheirbhhisich am Pàp, A. air son ar n-Easbuig, A.'s air son nam florcheideach uile's luchd-aidmheil a' Chreidimh Chaitlicich agus Ostalaich.

Aig Cuimhneachadh nam beò.

MEMENTO, Domine, famulorum famularumque tuarum, N. et N.

Et omnium circumstan-tium quorum tibi fides cognita est, et nota devotio, pro quibus tibi offerimus, vel qui tibi offerunt hoc sacrificium laudis, pro se

CUIMHNICH, a Thighearna, air do sheirbhhisich's air do bhanseirbhhisich, A.

Agus air gach neach's an là-thair(is eòl dhut an creideamh agus is léir dhut an cràbhadh) air son am beil sinne, no a tha iad fhein, a' taigtsinn na h-lobairt-molaidh so

suisque omnibus, pro redēptione animarum suarū, pro spe salutis, et incolumentatis suæ, tibique reddunt vota sua æterno Deo, vivo et vero.

Communicantes, et memoriam venerantes in primis gloriosæ semper Virginis Mariæ, Genitricis Dei et Domini nostri Jesu Christi : sed et beatorum Apostolorum ac Martyrum tuorum, Petri et Pauli, Andreæ, Jacobi, Joannis, Thomæ, Jacobi, Philippi, Bartholomæi, Matthæi, Simonis et Thadæi, Lini, Cleti, Clementis, Xysti, Cornelii, Cypriani, Laurentii, Chrysogoni, Joannis et Pauli, Cosmæ et Damiani, et omnium Sanctorum tuorum ; quorum meritis precibusque concedas, ut in omnibus protectionis tuæ muniamur auxilio. Pereundem Christum Dominum nostrum. Amen.

dhut, air an son fhéin 's na bhuineas dhaibh gu h-uile, air son saoradh an anmannan, air son dòchus an sàbhalaidh, agus an tiarainn-teachd, agus a tha a' dìol am bòidean dhutsa an Dia bed agus fior.

Ga'r cur fhein 'au co-chomunn ri, 's a' toirt cuimhne gu h-urramach 's a' chiad àite air Moire ghìormhoir a bha riabh na 'h-Oigh, Mathair Dhé agus ar Tighearna Iosa Criosta ; 's an sin air d' Ostail 's do Mhartairean beannaichte Peadar agus Pòl, Anndra, Séumas, Eòin, Tómas, Séumas, Philip, Bartholome, Mata, Simon's Thàde, Linus, Cletus, Clement, Xystus, Cornelius, Cyprian, Laurinn, Chrysogonus, Eòin agus Pòl, Cosmas agus Damian, agus do Naoimh uile : as leth an toillteanais agus an ùrnaighean, deònaich dhuinn a bhi air ar dion anns gach nì le còmhnhadh do thiarmainn. Tromh Chriosta ciadna ar Tighearna. Amen.

An uair a tha'n sagart ag cumail a lamhan os cionn an tobhartais.

HANC igitur oblationem servitutis nostræ, sed et cunctæ faimiliæ tuæ, quæ-

AIR an aobhar sin, guidh-imid ort, a Thighearna, gabhair gu gràsor ri tobh-

sumus, Domine, ut placatus accipias ; diesque nostros in tuâ pace disponas, atque ab æternâ damnatione nos eripi, et in electorum tuorum jubeas grege numerari. Per Christum Dominum nostrum. Amen.

Quam oblationem tu, Deus, in omnibus, quæsumus, benedic tam, adscrip tam, rat tam, rationabilem, acceptabilemque facere digneris ; ut nobis Corpus et Sanguis fiat dilectissimi Filii tui Domini nostri Jesu Christi.

Qui pridiè quam pateretur, accepit panem in sanctas ac venerabiles manus suas : et elevatis oculis in cœlum, ad te Deum Patrem suum omnipotentem, tibi gratias agens, benedixit, fregit, deditque discipulis suis, dicens : Accipite et manducate ex hoc omnes : HOC EST ENIM CORPUS MEUM.

Simili modo postquam coenatum est, accipiens et hunc præclarum calicem in

artas so ar seirbhis-ne 's seirbhis do mhuinn treach uile ; agus ar làithean a rian ann an sith ; agus òrduchadh sinn a bhi air ar teas-raiginn bho dhíteadh siorruith, 's a bhi air ar n-àireamh 'an tréud do dhaoinetaghte. Tromh Chriosta ar Tighearna. Amen.

An tobhertas so, a Dhia, guidhimid, gu'n deònaich-eadh tu a bheannachadh, a choisrigeadh, a dhaingneachadh, a dhianamh réusanta, 's taitneach 's gach dìgh ; los gu'n dianar dheth dhuinne Corp agus Fuil do Mhic uile-ionmhuiinn ar Tighearna Iosa Chriosta.

Aig a' Choisrigeadh.

Esan an lá mu'n d' fhuilige, a ghlac aran na 'lamhan naomh agus urramach, agus a shuilean 'an togail suas ri nèamh, riutsa, a Dhia, 'Athair uile-chumhachdach : A' toirt taing dhut, bheannaich e, bhriste, 's thug e dha dheisciopuil, ag radh : Gabhaibh agus ithibh uile dheth so ; OIR SE SO MO CHORPSA.

AIR an dóigh chiadna an déagh na suipreach, ag glacadh na cailis àghoir so

sanctas ac venerabiles manus suas : item tibi gratias agens, bene ⁺dixit, deditque discipulis suis, dicens : Accipite et bibite ex eo omnes : HIC EST ENIM CALIX SANGUINIS MEI NOVI ET ÆTFRNI TESTAMENTI : MYSTERIUM FIDEI : QUI PRO VOBIS ET PRO MULTIS EFFUNDETUR IN REMISSIONEM PECCATORUM.

Hæc quotiescumque fereritis, in mei memoriam facietis.

An deaghaidh a' Choisrigidh.

UNDE et memores, Domine, nos servi tui, sed et plebs tua sancta, ejusdem Christi Filii tui Domini nostri tam beatæ passionis, necnon et ab inferis resurrectionis, sed et in cœlos gloriosæ ascensionis : offerimus præclaræ Majestati tuæ, de tuis donis ac datis, Hostiam ⁺puram, Hostiam ⁺sanctam, Hostiam ⁺immaculatam, panem ⁺sacrum vitæ æternæ, et calicem ⁺salutis perpetuæ.

An uair a tha'n sagart a' sgaoileadh a lamhan.

Supra quæ propitio ac sereno vultu respicere dig-

na 'lamhan naomh agus urramach, cuideachd a' toirt taing dhutsa, bheann-aich e, 's tbug e dh'adbeisciopuil, ag ràdh : Gabhaibh agus olaibh uile dheth so : SI SO CAILIS M' FHUILSE AN TIOMNAIDH NUAIÐH AGUS SHIORRUITH, MISTIRE A' CHREIDIMH, A DHÒIRTEAR AIR UR SON-SE 'S AIR SON MÒRAIN GU MATHANAS PHEACANNAN.

Cho tric 's a ni sibh so, dianaibh e mar chuimhn-eachan ormsa.

AIR an aobhar sin, a Thighearna, ag cuimhn-eachadh air pais bheann-aichte Cbriosta chiadna do Mbacar Tighearna, amhuil's air 'aiseirigh a' ifrinn, agus air a dheasgbabhal ghildrmhoir do nèamh tha sinn, do sheirbhisich 's maraon do shluagh naomh, a' tairgsinn do d' mhòracbd dhiadhaidh, de d' thiodhlaicean 's de d' ghibhtean fhéin, Iobairt fiorghlain, Iobairt siorruth, agus cailis an t-sàbhalaidh mhaireannaich.

Gu'm b'e do thoil seall-tainn a nuas orra le gnùis

neris, et accepta habere,
sicuti accepta habere dignatus es munera pueri tui
justi Abel, et sacrificium
Patriarchæ nostri Abrahæ;
et quod tibi obtulit summus
sacerdos tuus Melchisedech,
sanctum sacrificium, im-
maculatam Hostiam.

ghràsoir agus thròcairich,
agus gabhail riutha mar a
dheonaich thu gabhail ri
tobhartais do sheirbhisich
ionraic Abel, agus ri lobairt
ar n-Atharnaoimh Abra-
ham, agus ris an lobairt a
thaирg d' Ardshagart Mel-
chisedech dhut, lobairt fhìor-
ghlan, tobhartas gun smal.

An uair a tha'n sagart ga'chromadh fhéin aig meadhon na h-altrach.

Supplices te rogamus,
omnipotens Deus, jube hæc
perfcrri per manus sancti
angeli tui in sublime altare
tuuin, in conspectu divinæ
Majestatis tuæ, ut quotquot
ex hac altaris participatione
sacro-sanctum Filii tui Cor-
† pus et † Sangui † nem
sumpserimus, omni benedic-
tione cœlesti et gratia
repleamur. Per eundem
Christum Dominum nos-
trum. Amen.

Guidhimid gu h-iriseal
ort, a Dhia uile-chumhachd-
aich, gu'n òrduicheadh tu
iad so a bhi air an togail
suas le lamhan d' aingil
naoimh gu d' altair 's na
h-àrdaibh, air bialaobh do
Mhòrachd diadhaidh, los a
lian dinn 's a ghabhas Corp
agus Fuil uilenaomh do
Mhic 'an comanachadh so
na h-altrach, gu'n llonar le
uile bheannachdan agus
ghràsan fhìathanais. Tromh
Chriosta ciadna ar Tighear-
na. Amen.

Aig Cuimhneachadh nam marbh-chreideach.

MEMENTO etiam, Domine,
famulorum famularumque
tuarum N. et N. qui nos
præcesserunt cum signo
fidei, et dormiunt in somno
pacis.

CUIMHNICH cuideachd, a
Thighearna, air do sheirbh-
isich agus air do bhan-
seirbhisich, A.* a dh' imich
romhainn 'an comharradh
a' chreidimh, agus a tha na
'n cadal 'an suain na sithe.

* Ainmich riut fhéin an fheadhainn a bu mhath leat guidhe air an son.

IPSIS, Domine, et omnibus in Christo quiescentibus, locum refrigerii, lucis et pacis, ut indulgeas deprecationemur. Per eundem Christum Dominum nostrum. Amen.

NOBIS quoque peccatoribus famulis tuis, de multitudine miserationum tuarum sperantibus, partem aliquam et societatem donare digneris, cum tuis sanctis Apostolis et Martyribus : cum Joanne, Stephano, Matthia, Barnaba, Ignatius, Alexandro, Marcellino, Petro, Felicitate, Perpetua, Agatha, Lucia, Agneta, Cæcilia, Anastasia, et omnibus Sanctis tuis : intra quorum nos consortium, non æstimator meriti, sed veniae, quæsumus, largitor admitte. Per Christum Dominum nostrum.

Per quem hæc omnia, Domine, semper bona creas, sancti \ddagger ficas, vivi \ddagger ficas, bene \ddagger dicis, et præstas nobis. Per Ip \ddagger sum, et cum Ip \ddagger so, et in Ip \ddagger so, est tibi Deo Patri \ddagger omnipotenti, in unitate Spiritus \ddagger Sancti, omnis honor et gloria.

DHAIBH so, a Thighearna, 's do gach anam a tha 'n tàmh 'an Criosta, guidhimid gu'n deònaicheadh tu ionad faothachaidh, soillse, agus sìthe. Tromh Criosta ciadna ar Tighearna. Amen.

AGUS dhuinne na peacaich, do sheirbhisich, a tha 'cur ar dòchuis 'an lòn-mhoiread do thròcaire, deònaich gnè chuibhrionn agus co-chomunn maille ri d' Ostail 's ri d' Mhartairean naomh : Eòin, Stephen, Mathias, Barnabas, Ignatius, Alastair, Marcellinus, Peadar, Felicitas, Perpetua, Agatha, Liùsaidh, Agnes, Cesilia, Anastasia, agus do Naoimh uile : guidhimid ort, cha'n ann mar fhear-meas toill-teanais, ach mar thobhartair fial mathanais, ar leigeil a stigh na 'n comunn. Tromh Criosta ar Tighearna.

Tromh am beil thu, a Thighearna, ag cruthachadh, a' naomhachadh, a' beotbachadh, a' beannachadh, agus a' buileachadh oirnn gach ni math dhiubh so. Troimhe-san, agus maille ris-san, agus annsan, tha dhutsa, a Dhia an t-Athair uile-chumhachdach, ann an aonachd an Spioraid Naoimh, gach onair agus glòir.

S. Per omnia sæcula
sæculorum.

M. Amen.

S. Fad shaoghal nan
saoghal.

C. Amen.

Aig a' Phaidir.

Oremus.

PRÆCEPTIS salutaribus
moniti, et divina institu-
tione formati, audemus
dicere :

Pater noster, qui es in
celis, sanctificetur nomen
tuum ; adveniat regnum
tuum ; fiat voluntas tua
sicut in cœlo, et in terra.
Panem nostrum quotidiana-
num da nobis hodie : et
dimitte nobis debita nostra,
sicut et nos dimittimus
debitoribus nostris. Et ne
nos inducas in temptationem.

M. Sed libera nos à
malo.

S. Amen.

LIBERA nos, quæsumus,
Domine, ab omnibus malis,
præteritis, præsentibus, et
futuris : et intercedente
beatâ et gloriosa semper
Virgine Dei Genitrice
Mariâ, cum beatis Apostolis
tuis Petro et Paulo, atque
Andrea, et omnibus Sanctis,
da propitius pacem in die-

AIR ar teagasc le reachd-
an slainteil, 's air ar sedladh
le òrduchadh diadhaidh,
gabhaidh sinn a dhanadas
a ràdh :

Ar n-Athair, a tha air
nèamh, gu'm bu naomh a
bhitheas d' ainm, gun tig-
eadh do righeachd, gu'n
dianar do thoil air talamh
mar a thathas ga dianamh
air nèamh. Thoir dhuinn
an diugh ar n-arau lathail :
math dhuinn ar fiachan, mar
a mhathas sinne do luchdar-
fiach. Agus na leig ann
am buaireadh sinn.

C. Ach saor sinn bho 'n
olc.

S. Amen.

SAOR sinn, guidhimid ort,
a Thighearna, bho gach olc
a bhà, a thà, no a bhitheas :
agus as leth eadarghuidhe
Moire beannaichte's glòrmh-
oir, Màthair Dhé, a bha
riabh na 'h-Oigh ; agus d'
Ostal beannaichte Peadar
agus Pòl, agus Anndra, agus
nan Naomh uile, gu tròcair-

bus nostris ; ut ope misericordiae tuæ adjuti, et a peccato simus semper liberi, et ab omni perturbatione securi. Per eundem Dominum nostrum Jesum Christum Filium tuum, qui tecum vivit et regnat, in unitate Spiritus Sancti, Deus.

S. Per omnia sæcula sæculorum.

M. Amen.

S. Pax + Domini sit + semper vobis + cum.

M. Et cum spiritu tuo.

HÆC commixtio et consecratio Corporis et Sanguinis Domini nostri Jesu Christi fiat accipientibus nobis in vitam æternam.
Amen.

each deònaich sith dhuinn réar làithean ; los le còmhnhadh do thròcaire gu'm bi sinn daonna saor bho 'n pheacadh, agus tiarainnte bho gach iomguin. Tromh Iosa Criosta ciadna do Mhac ar Tighearna, Dia, a tha maille riutsa, bed 's a' rian, ann an aonachd an Spioraid Naoimh.

S. Fad shaoghal nan shaoghal.

C. Amen.

S. Sith an Tighearna gu'n robh daonna maille ribh.

C. Agus ri d' spiorad-sa.

MEASGADH agus coisrig-eadh so Corp agus Fuil an Tighearna Iosa Criosta gu'n robh gu beatha shìorruth dhuinne a tha ga 'ghabhail. Amen.

AIG AN AGNUS DEI.

AGNUS Dei, qui tollis peccata mundi, miserere nobis.

Agnus Dei, qui tollis peccata mundi, miserere nobis.

Agnus Dei, qui tollis peccata mundi, dona nobis pacem.

DOMINE Jesu Christe, qui dixisti Apostolis tuis: Pacem

'UAIN Dhé a tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghail, dian tròcair oirnn.

'Uain Dhé a tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghail, dian tròcair oirnn.

'Uain Dhé a tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghail, thoir sith dhuinn.

A THIGHEARNA Iosa Criosta, a thuirt ri d' Ostail,

relinquo vobis : pacem meam
do vobis, ne respicias pec-
cata mea, sed fidem Eccle-
siæ tuæ ; eamque secundum
voluntatem tuam pacificare
et coadunare digneris : qui
vivis et regnas Deus, per
omnia sæcula sæculorum.
Amen.

Domine Jesu Christe, Fili
Dei vivi, qui ex voluntate
Patris, co-operante Spiritu
Sancto, per mortem tuain
mundum vivificasti, libera
me per hoc sacrosanctum
Corpus et Sanguinem tuum
ab omnibus iniquitatibus
meis, et universis malis : et
fac me tuis semper inhærere
mandatis, et a te nunquam
separari permittas : qui
cum eodem Deo Patre et
Spiritu Sancto vivis et regnas
Deus in sæcula sæculorum.
Amen.

Perceptio Corporis tui,
Domine Jesu Christe, quod
ego indignus sumerc præ-
sumo, non mihi proveniat
in judicium et condemnationem;
sed pro tua pietate
prosit mihi ad tutamentum
mentis et corporis, et ad
medelam percipiendam. Qui
vivis et regnas cum Deo

Sith tha mi' fagail agaibh, mo
shìth tha mi 'toirt dhuibh,
na seall air mo pheacannan,
ach air creideamh d'Eaglais;
agus deònaich dhi an t-sith
agus an aonachd a tha tait-
neach do d' thoil ; Dia a tha
bed 's a' rian fad shaoghal
nan saoghal. Amen.

A Thighearna Iosa
Chrïosta, a Mhic an Dé
bhèd, a thug le d' bhàs, a
réir toil d' Athar, maille ri
co-oibreachadh an Spioraid
Naoimh, beatha do'nt-saoghal,
saor mise le d' Chorp agus
le d' Fhuil a 's ro-naomh so,
bho m' uile pheacannan, 's
bho'n a h-uile truaighe; thoir
orm daonnaン gu'n dlùthlean
mi ri d' fhàintean : agus na
leig leam a chaoi dh a bhi air
mo sgaradh bhuatsa : Dia a
tha, maille ri Dia ciadna an
t-Athair agus an Spiorad
Naomh, bed 's a' rian fad sha-
oghal nan saoghal. Amen.

Na tionndadh do Chorp,
a Thighearna Iosa Chrïosta,
a tha mise, gë mì-ionchuidh,
ag gabhail a dhànadas a
ghlacail, gu breitheanas 'us
diteadh dhomh ; ach biodh
e as leth do thròcair, na
'dhon agus na 'leigheas
domh, air m' anam 's air
mo cholruinn : Thusa, a

Patre in unitate Spiritus Sancti, Deus, per omnia sæcula sæculorum. Amen.

Dhia, a tha maille ri Dia an t-Athair ann an aonachd an Spioraid Naoimh, beò 's a' rian, fad shaoghal nan saoghal. Amen.

An uair a tha'n sagart ag glacail na Sàcramaid na 'làimh.

PANEMcœlestem accipiam,
et nomen Domini invokebo.

GLACAIÐH mi aran nam flaitheas agus gairmidh mi air ainm an Tighearna.

AIG DOMINE NON SUM DIGNUS.

DOMINE, non sum dignus ut intres sub tectum meum ; sed tantum dic verbo, et sanabitur anima mea.

DOMINE, non sum dignus ut intres sub tectum meum ; sed tantum dic verbo, et sanabitur anima mea.

DOMINE, non sum dignus ut intres sub tectum meum ; sed tantum dic verbo, et sanabitur anima mea.

A THIGHEARNA, cha'n fhiach mise gu'n tigeadh tu stigh fo m' fhàrdaich ; ach abair am facial a mhàin, agus bithidh m' anam sàbhailte.

A THIGHEARNA, cha'n fhiach mise gu'n tigeadh tu stigh fo m' fhàrdaich ; ach abair am facial a mhàin, agus bithidh m' anam sàbhailte.

A THIGHEARNA, cha'n fhiach mise gu'n tigeadh tu stigh fo m' fhàrdaich ; ach abair am facial a mhàin, agus bithidh m' anam sàbhailte.

Ag gabhail na Sàcramaid fo riochd an arain, their an sagart :

CORPUS Domini nostri Jesu Christi custodiat animam meam in vitam æternam. Amen.

QUID retribuam Domino pro omnibus quæ retribuit mihi ? Calicem salutaris

GU'N gléidh Corp an Tighearna Iosa Crïosta m' anam gu beatha shlorruith. Amen.

CIOD a dholas mi do'n Tighearna air son gach ni a bhuilich e orm ? Glacaidh

accipiam, et nomen Domini
invocabo. Laudans invocabo
Dominum, et ab inimicis
meis salvus ero.

mi Cailis an t-sàbhalaidh,
agus gairmidh mi air ainm
an Tighearna. A' moladh
gairmidh mi air an Tighearna,
agus sàbhailear mi
bho'm naimhdean.

Ag gabhail na Cailise, their e :

SANGUIS Domini nostri
Jesu Christi custodiat ani-
mam meam in vitam æter-
nam. Amen.

GU'N gléidh Fuil an Tighearna
Iosa Criosta m' anam
gu beatha shìorruth. Amen.

Aig Riarachadh na Sàcramaid.

S. Misereatur vestri om-
nipotens Deus, et dimissis
peccatis vestris, perducat
vos ad vitam æternam.

S. Gu'n dianadh an Dia
uile-chumhachdach tròcair
oirbh, gu'm mathadh e
dhuibh ur peacannan, agus
gu'n tugadh e sibh gu beatha
shìorruth.

M. Amen.

C. Amen.

S. Indulgentiam, absolu-
tionem, et remissionem, pec-
catorum vestrorum, tribuat
vobis omnipotens et miseri-
cors Dominus.

S. Gu'n tugadh an Dia
uile - chumhachdach agus
tròcaireach, mathanas, fuasg-
ladh, agus saorsa dhuibh
na'r n-uile pheacannan.

M. Amen.

C. Amen.

Ecce Agnus Dei, ecce qui
tollit peccata mundi.

Seall Uan Dhé, seall,
esan a tha 'toirt air falbh
peacannan an t-saoghal.

Domine, non sum dignus,
&c. (ter dicit.)

A Thighearna, cha'n
fhiach mise, &c. (trì uair-
ean).

CORPUS Domini nostri
Jesu Christi custodiat ani-
mam tuam in vitam æter-
nam. Amen.

GU'N gléidh Corp an
Tighearna Iosa Criosta d'
anam gu beatha shìorruth.
Amen.

Aig Ionnlad na cailise.

QUOD ore sumpsimus,
Domine, pura mente capia-
mus; et de inunere temporali
fiat nobis remedium sem-
piternum.

SIN a ghabh sinn, a Thigh-
earna, le 'r bial, deònaich
gu'n gléidh sinn e le cridhe
glan; agus bho 'bhi na
'thiodhlaic aimsireil, gu'm
bi e dhuinn na 'locshlaint
shiorruith.

Aig Dara-Ionnlad na cailise.

CORPUS tuum, Domine,
quod sumpsi, et Sanguis
quem potavi, adhæreat
visceribus meis; et præsta
ut in me non remaneat
scelerum macula, quem pura
et sancta refecerunt sacra-
menta. Qui vivis et reg-
nas in sæcula sæculorum.
Amen.

BENEDICIMUS Deum cœli,
et coram omnibus viventi-
bus confitebimur ei; quia
fecit nobiscum misericor-
diam suam.

S. Dominus vobiscum.

M. Et cum spiritu tuo.

Oremus.

Proficiat nobis ad salutem
corporis et animæ, Domine
Deus noster, hujus sacra-
menti susceptio, et semi-
ternæ sanctæ Trinitatis, ejus-

Do Chorp a ghabh mi
agus d'Fhuil a dh'òl mi, a
Thighearna, deònaich gu'n
lean ri m'innibh; agus
guidhim ort gun smal peac-
aidh a dh-fhuireach air
m'anam-sa, a bheathaich-
eadh le sàcramaidean cho
glan agus cho naomh. A
tha beo's a' rian fad shaoghal
nan saoghal. Amen.

THA sinn a' beannachadh
Dia nèamh, agus bheir sinn
moladh dha 'an làthair nan
uile bheò; oir rinn e tròc-
air dirnn.

S. Gu'n robh an Tigh-
earna maille ribh.

C. Agus ri d' spiorad-sa.

Guidheamaid.

A Thighearna, ar Dia,
deònaich gu'n tig gabhail na
sàcramaid so, agus aimheil
na Trianaid naoimhe, sior-
ruith, maille ri a h-aonachd

demque individuæ unitatis confessio. Per Dominum nostrum Jesum Christum Filium tuum, qui tecum vivit et regnat in unitate Spiritus Sancti Deus:

S. Per omnia sæcula sæculorum.

M. Amen.

S. Dominus vobiscum.

M. Et cum spiritu tuo.

S. Ite, missa est, (*vel* Benedicamus Domino.)

M. Deo gratias.

[Ann an Aifrinn air son nam Marbh, theirear.]

S. Requiescant in pace.

M. Amen.

An uair a tha'n sagart ga 'chromadh fhéin aig meadhon na h-altrach.

PLACEAT tibi, sancta Trinitas, obsequium servitutis meæ; et præsta ut sacrificium quod oculis tuæ Majestatis indignus obtuli, tibi sit acceptabile, mihi que, et omnibus pro quibus illud obtuli, sit, te miserante, propitiabile. Per Christum Dominum nostrum. Amen.

thraig mi suas i air an son. Tromh Chriosta ar Tighearna. Amen.

neodhealaichte, gu 'bhi dhuinne gu sàbhaladh cuirp agus anma. Tromh Iosa Crïosta, do Mhac ar Tighearna, Dia a tha bed 's a' rian maille riutsa ann an aonachd an Spioraid Naoimh:

S. Fad shaoghal nan saoghal.

C. Amen.

S. Gu'n robh an Tighearna maille ribh.

C. Agus ri d' spiorad-sa.

S. Sgaoilibh, tha'n Aifrionn seachad (*no* Beannaich-eamaid an Tighearna.)

C. Taing do Dhia.

S. Gu'n robh am fois ann an sìth.

C. Amen.

A THRIANAID naomh, deònaich do umhailteas mo sheirbhise deagh - ghean fhaotainn ort; agus guidhim ort an lobairt a thraig mi suas, ge mi-ionchuidh, 'am fianais do Mhòrachd, a bhi taitneach leat, agus as leth do thròcaire, gu'm bi i na 'meadhon - réite dhomh fhein, agus dhaibhsan a

Tromh Chriosta ar Tighearna.

AM BEANNACHD.

BENEDICAT vos, omnipotens Deus, Pater, et Filius,
† et Spiritus Sanctus.

M. Amen.

S. Dominus vobiscum.

M. Et cum spiritu tuo.

Toiseach an t-Soisgeil a réir N. Eòin.
S. Initium sancti Evangelii, secundum Joannem.

M. Gloria tibi, Domine.

IN principio erat Verbum, et Verbum erat apud Deum, et Deus erat Verbum. Hoc erat in principio apud Deum. Omnia per ipsum facta sunt ; et sine ipso factum est nihil quod factum est. In ipso vita erat, et vita erat lux hominum ; et lux in tenebris lucet, et tenebræ eam non comprehendenterunt.

Fuit homo missus a Deo, cui nomen erat Joannes. Hic venit in testimonium, ut testimonium perhiberet de lumine, ut omnes crederent per illum. Non erat ille lux, sed ut testimonium perhiberet de lumine. Erat lux vera, quæ illuminat

BEANNACHD Dhé uile-chumhachdaich agaibh—an t-Athair, agus am Mac, agus an Spiorad Naomh.

C. Amen.

S. Gu'n robh an Tigh-earna maille ribh.

C. Agus ri d' spiorad-sa.

Toiseach an t-Soisgeil a réir N. Eòin.

S. Toiseach an t-Soisgeil naoirnh a réir Eòin.

C. Glòir dhutsa, a Thigh-earna.

SAN toiseach bha am Facial, 's bha am Facial maille ri Dia, agus b' e am Facial Dia. Bha e so san toiseach maille ri Dia. Rinneadh a h-uilc ni leis : 's gun e chad' rinneadh ni a chaidh a dhianamh. Annsan bha a bheatha, 's b'i a bheatha solus dhaoine : agus tha an solus a soillseachadh san dorchadas, 's cha do ghabh an dorchadas ris.

Chuireadh duine bho Dhia, dha'm b'ainm Eoin. Thainig e so mar fhiannah gu teist-canás a thoirt air an t-solus, los gun creideadh daoine uile troimh-san. Cha b' e esan an solus, ach bha e gu teist-eanas a thoirt air an t-solus. B' e sin an solus firinneach

omnem hominem venientem
in hunc mundum.

In mundo erat, et mundus per ipsum factus est, et mundus eum non cognovit. In propria venit, et sui eum non receperunt. Quotquot autem receperunt eum, dedit eis potestatem, filios Dei fieri; his qui credunt in nomine ejus, qui non ex sanguinibus, neque ex voluntate carnis, neque ex voluntate viri, sed ex Deo nati sunt. Et * VERBUM CARO FACTUM EST, et habitavit in nobis, et vidimus gloriam ejus, gloriam quasi Unigeniti a Patre, plenum gratiæ et veritatis.

M. Deo gratias.

a tha soilleireachadh a h-uile duine a tha tighinn dh'ionnsuidhan t-saoghal so.

Bha e anns an t-saoghal, 's riinneadh an saoghal leis, 's cha b' aithne do'n t-saoghale. Thainig e gu chuid fhein, 's cha do ghabh a mhuinntir fhein ris. Ach a mhiad 'sa ghabh ris, thug e cumhachd dhaibh a bhith 'nan cloinn do Dhia, dhaibhse a tha creidsinn 'na ainm, a rugadh cha n-ann bho fhuil, no bho thoil na feola, no bho thoil duine, ach bho Dhia. US GHABH AM FACAL FEOIL, us rinn e comhnuidh 'nar measg: us chunnaic sinn a ghloir, mar ghloir aonghain an Athar, lan ghras agus firinn.

C. Taing do Dhia.

Beannachd na Sacramaid Naoimh.

IS e Beannachd na Sàcramaid Naoimh—cràbhadh a tha'n Eaglais ag cleachdadadh gu aoradh, moladh, agus glòir, a thoirt do Dhia air son a mhathais agus a ghaoil gun àirimh a dh'fhiach e dhuinn an uair a dh'òrdaich e Sàcramaid Naomh a Chuirp fhéin; agus amhuil sin gu Beannachd ar Slànair fhaotainn.

* Aig na briathran so lùb air do leth-ghlun.

An uair a hhios an sagart a' toirt na Sàcrainaid 'am follais an t-sluaign gu aoradh a thoirt di, seinnear an laoidh, "O salutaris Hostia."

O salutaris Hostia,
Quæ cœli pandis ostium
Bella premunt hostilia,
Da robur, fer auxilium.

Uni trinoque Domino
Sit sempiterna gloria,
Qui vitam sine termino
Nobis donet in patria.
Amen.

Ciad-fàilt, a Shàcramaid nam buadh,
A dh'fhosgail dorus nèamh do'n t-sluagh ;
Tha sinn' ga 'r claoïdh ag cath ri 'r nàmh,
Thoir neart dhuinn, furt-aich òirnn na 'r càs.

Slor-ghlòdir do Dhia na 'Thriar's na 'aon,
An t-Athair, 'm Mac, 's an Spiorad Naomh.
O, deònaich dhuinn' a' bheatha shlor
'An solas nèamh fad shaogh'l gun chrloch.

'An so, 's tric gu'n seinnear Leadan Moire, no laoidh iomchuidh air an sònraicheadh; agus 'an sin "Tantum ergo." Aig "Veneremur cernui," cromaïdh gach aon sios.

Tantum ergo Sacramen-tum
Veneremur cernui :
Et antiquum documentum
Novo cedat ritui ;
Præstet fides supplementum
Sensuum defectui.

'Shàcramaid, tha sinn le ùmhachd,
'Toirt dhut aoraidh, cliù, 'us glòir' ;
Riochd an t-Seann-lagh chuireadh cùl ris,
'S an Lagh-ùr tha'n fir-bheachd chòrr ;
Ged nach tuigear le 'r céud-fathan,
Creideamh cha dian faill-inn òirnn.

Genitori, Genitoque

Laus et jubilatio,

Salus, honor, virtus quoque
Sit et benedictio :

Procedenti ab utroque

Compar sit laudatio.
Amen.

V. Panem de cœlo præ-
stitisti eis. [Alleluia.]

R. Omne delectamentum
in se habentem. [Alleluia.]

Oremus.

Dcus, qui nobis sub Sac-
ramento mirabili, passionis
tuæ memoriam reliquisti ;
tribue, quæsumus, ita nos
corporis et sanguinis tui
sacra mysteria venerari ; ut
redemptionis tuæ fructum
in nobis jugiter sentiamus.
Qui vivis et regnas in sæcula
sæculorum. Amen.

Gloria do'n Athair, 's glòir
do'n Mhac,

'S glòir co-cheart do'n
Spiorad Naomh—

Cliù'us aighir, onoir's neart,
Slàinte 's beannachadh a
chaoïdh—

Trianaid chumhachdach
nam feart,

Molamaid mu seach 's
mar aon. Amen.

Thug e aran daibh as na
flaithis. [Alleluia.]

Anns an robh gach rogha
blas. [Alleluia.]

Guidheamaid.

O Dhia, a dh'fhàg agaínn
'sant-sàcramaid mhiorailtich
so, cuimhneachan air do
phàis ; tiùraich dhuinn,
guidhimid ort, a leithid de
urram a thoirt do mhistre
naomh do Chuirp agus
d'Fhala, 's gu'm bi sinn
daonnan a' faircachdainn
annainn toradh do shaor-
aidh. A tha bed 's a' rian gu
saoghal nan saoghal. Amen.

An uair a bhios an sagart a' toirt a' Bheannachd
seachad leis an t-Sàcramaid, cróm thu fhéin sios, agus
thoir aoradh le d'uile chridhe do d'Shlànaid anns an
t-Sàcramaid. Thoir taing dha air son a mhathais, agus
liubhair thu fhéin thairis dha ; agus gu dùrachdach
iarr air a bheannachd dhut fhéin agus do d'chuideachda,
agus do'n Eaglais gu h-iomlan.

Crabhadh do Chrìdhe Naomh Iosa.

LE Cridhe Naomh Iosa thathas ag ciallachadh Cridhe ar Slànair air aonadh ris an Daondachd bheann-aichte, 's air an aobhar sin ri Pearsa Dhiadhaidh an Fhacail. Bho'n is e 'n cridhe fuanan gach aigne, tha'n Eaglais a' moladh a' chràbhaidh so dhuinn, 's gur h-e Cridhe Naomh Iosa àros agus ionad-naomh a' ghaoil sin leis an d' thug ar Slànair gaol duinn, agus 'n a liubhaire e fhéin air ar son. Uime sin an uair a chuireas sinn suas ar n-auchanaich ri Cridhe Naomh Iosa, tha sinn air shedh ro-shònraichte a' toirt onoir do'n ghaol sin a bha na 'theine 's a' Cridhe Naomh air son mhic an duine.

Is e beachd àraig a' chràbhaidh so dioladh-fiach a dhianamh 'an éiric gach tarcuis a rinneadh air Cridhe Naomh Iosa an uair a bha e air talamh—tarcuis a thathas fhathast a' dianamh air anns an t-Sàcramaid Dhiadhaidh—'an Sàcramaid a ghaoil.

Ri linn do 'r Slànair an cràbhadh so fhoillseachadh do'n mhaighdinn-chràbhaidh naoimh ud, Mairi Alacoque Urramach, dh'fhiach e a chridhe dhi 's e air a chuaireachadh le droigheann, crois ann, 's e air cathair-theine, agus thuirt e : "Faic an cridhe a thug a' leithid de ghaol do mhac-an-duine 's nach do chaomhain e nì a dhearbhadh a ghaoil daibh, gu ruig 'us e fhéin a chaitheamh as air an son ; ach 'an éiric sin nach fhaigh léiceis bho'n tromlach de'n chinne-dhaonda, ach eas-urram 'us mi-thaingealachd. Is e a tha ga m' chràdh gu tur cridheachan a th' air an coisrigeadh dhomh a bhi ga m' ghiollachd 's an ðòigh." 'An sin dh'earb e rithe a culaidh-mhathais a dhianamh gu latha-féille a chur air chois 'an onoir a Cridhe Dhiadhaidh air a' chiad Dhihaoine 'an deaghaidh an Dònaich an taobh-stigh de fhéill Chuirp-Chriosta ; agus sin leis a' bheachd so : 1. Los Criostaidhnean a thoirt tainge dha air son an tobhartais àghoir a bhulich e orra 'an Sàcramaid a Chuirp fhéin. 2. Gu dioladh-fiach a dhianamh le 'n ùmhachd agus le 'n aoradh air son na

h-eas-onoir agus na tarcuis a tha peacaich a' toirt da anns an t-Sàcramaid uilenaoimh. 3. Los gu'n tugadh iad dha an onoir a's dligeach dha, ach a thathas ag cumail bhuaithe 'an iomad eaglais far am beileas a' toirt cho beag de ghaol, de urram, agus de aoradh dha. Gheall e ionmhas a chridhe a bhualeachadh gu fialaidh, paitl, orrasan a chleachdadh an cràbhadh so, cha'n ann a mhàin air an latha-fhéille, ach air làithean eile an uair a thigeadh iad air choimheadachd air an t-Sàcramaid Dhiadhaidh.

Chuireadh Comuinn Cridhe Naomh Iosa air chois anns gach cèarnaидh, agus bhuilich am Pàp ioma laghadheaglais orra, a dh'fhaodas gach urra dhiubh a chosnadhl air a shon fhéin no air son nam Marbh-chreideach. 'S e na tha mar fhiachan air gach urra de'n chomunn ('an deaghaidh a ghabhail a stigh le sagart fo ùghdarras gu sin a dhianamh) gu'n gabh e uair 's an latha *A' Phaidir, Fàilte Moire, 's a' Chrèud*, agus an achanaich so :

A Chridhe uilenaoimh Iosa thoir orm gaol a thoirt dut na's mó 's na's mó.

Leadan Cridhe Uilenaomh Iosa.

- A Thighearna, dian tròcair òirnn.
- A Chròsta, dian tròcair òirnn.
- A Thighearna, dian tròcair òirnn.
- A Chròsta, éisd ruinn.
- A Chròsta, gu gràsor éisd ruinn.
- A Dhia Athair nam Flaitheas, *Dian tròcair òirnn.*
- A Dhia Mhic 'Fhir-saoraidh an t-saoghail,
- A Dhia a Spioraid Naoimh,
- A Thrianaid naomh aon Dia,
- A Chridhe Iosa,
- A Chridhe Iosa, aonaicht' 'am pearsa ri Facal Dhé,
- A Chridhe Iosa, 'Tonaid-Naoimh na Diadhachd,
- A Chridhe Iosa, a Thèampuill na Trianaid naoimhe,
- A Chridhe Iosa, 'Aibheis a' ghliocais,

Dian tròcair òirnn.

A Chridhe Iosa, a Chuain a' mhathais,
 A Chridhe Iosa, a Chathair na tròcaire,
 A Chridhe Iosa, 'Ionmhais nach failnich a chaoidh,
 A Chridhe Iosa, a fhuair sinn uile dhe d'lànanachd,
 A Chridhe Iosa, ar Slíth 's ar Réite,
 A Chridhe Iosa, a Shamhuilt nan uile shubhailcean,
 A Chridhe Iosa, Uileghràdhach, agus airidh air
 uileghràdh,
 A Chridhe Iosa, 'Fhuarain fhloruisge 'sruthadh a
 mach gu beatha shiorruith,
 A Chridhe Iosa, anns am beil mór-thlachd an
 Athar,
 A Chridhe Iosa, 'Iobairt-réite air son ar peacannan,
 A Chridhe Iosa, a bha dèarlàn cràidh air ar son,
 A Chridhe Iosa, a bha fo dhùbhròn-bàis 's a'
 ghàradh,
 A Chridhe Iosa, a llonadh le tarcuis,
 A Chridhe Iosa, a leònadadh le gaol,
 A Chridhe Iosa, a tholladh le sleagh,
 A Chridhe Iosa, a thràghadh le ful air a' chrois,
 A Chridhe Iosa, a bhrisd air son ar peacannan,
 A Chridhe Iosa, a tha fhathast fhéin le daoine
 mi-thaingeil ga d' réubadh 'an Sàcramaid uile,
 naomh a' ghaoil,
 A Chridhe Iosa, a Dhìdinn nam peacach,
 A Chridhe Iosa, a Neart nan anfhanan,
 A Chridhe Iosa, a Chobhair nan dediridh,
 A Chridhe Iosa, a Sheasrachd nan daoine-cearta,
 A Chridhe Iosa, a Shàbhalaidh na feadhnaich a tha
 'cur an dòchais annad,
 A Chridhe Iosa, a Shàbhalaidh na feadhnaich a
 gheabh bàs annad,
 A Chridhe Iosa, a chaoin Thiarmainn do luchd-
 aoraidh,
 A Chridhe Iosa, a Shòlais nan Naomh uile,
 A Chridhe Iosa, ar Cùl-taice 's na diachainnean
 cruaidhe 'tha 'tighinn dirnn.

Dian tròcair oirnn.

'Uain Dhé, a tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghal,
Dian fathamas ruinn, O Thighearna.

'Uain Dhé, a tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghal,
Gu gràsor eisd ruinn, O Thighearna.

'Uain Dhé, a tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghal,
Dian tròcair oirnn.

V. 'Iosa, a tha ciùin 'us iriseal 'an cridhe.

R. Dian mo chridhe-sa a réir do chridhe.

Guidheamaid.

THA sinn ag achanaich ort, a Dhia uile-chumhachdaich, gu'n deònaicheadh tu dhuinne, a tha 'cur uaille á Cridhe Uilenaomh do Mhic ion-mhainn, agus a' toirt cuimhne air tiodhlائیean àghor a ghràidh dhuinn, subhachas a bhi òirnn, maraon mu'n oibreachadh agus mu'n toradh. As leth ar Tighearna ciadna. Amen.

Urnaigh aír son na feadhnaich a tha'n tarrainn a' bhàis.

O IOSA uile-thròcairich, 'Flir-ghaoil nan anmangan, tha mi 'guidhè ort as leth Spàирн do Chridhe uilenaoimh, agus bròn do Mhàthar gun-smal-peacaidh, gu'n glanadh tu na d' Fhuilt fhéin peacaich an t-saoghal uile a tha 's an tarrainn agus gu bàsachadh an diugh. Amen.

A Chridhe Iosa a dh'fhuilig spàирн a' bhàis, gabh truas riuthasan a tha 's an tarrainn.

